

Dùbhlán Coileanadh na h-Alba: Aithisg Slànachaidh agus Adhartais 2021-22

Clàr-innse

Ro-ràdh	02
<u>Earrainn 1</u>	
1.1: Facal-toisich	03
1.2: An dòigh a chleachdar	04
<u>Earrainn 2</u>	
2.1: Adhartas agus buaidh nan ath cheumannan bho Aithisg Bliadhna 5	05
2.2: Ceannas – Riaghladh agus Stiùireadh	12
<u>Earrainn 3</u>	
3.1: Adhartas a dh'ionnsaigh Amasan Sìnidh a shuidheachadh agus ùrachadh SAC a chur an sàs	15
3.2: Na h-ath cheumannan	17
<u>Earrainn 4</u>	
4.1: Clàr-mìneachaidh	20
4.2: Eàrr-ràdh	21

Ro-ràdh



Ro-ràdh Àrd Neach-rannsachaidh a Mhòrachd agus an Àrd-stiùiriche

Sa Ghearran 2015 chuir am Prìomh Mhinistear Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba air dòigh gus cabhag a bharrachd a chur sna h-oidhirpean co-ionannachd fhaighinn ann am builean foghlaim. Sa Mhàrt 2021, chaidh an aithisg air adhartas air [Dùnadh beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn airson 2016 gu 2021 fhoillseachadh](#). Nochd an aithisg fianais adhartais a dh'ionnsaigh prìomh amas Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba a ruighinn. San t-Samhain 2021, mhìnich Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean planaichean Riaghaltas na h-Alba airson na h-ath earrainn den Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba agus dhaingnich i sam [Frèam-obrach airson Slànachaidh agus Cabhag a thaobh Adhartais](#):

'S e a rùn foghlam a chleachdadh gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is do dhaoine òga a tha fo bhuidh bochdainn gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Tha Foghlam Alba gu mòr airson obrachadh le luchd-teagaisg gus slànachadh foghlaim adhartachadh, gus nach bi uiread de dh'eadar-dhealachadh ann agus adhartas a sgioblachadh gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Mar phàirt de ar taic, dh'obraich luchd-comhairleachaidh coileanaidh còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus fianais a thional mu adhartas a thaobh nan ath cheumnan mar a chaidh ainmeachadh ann an aithisgean buaidh 5-bliadhna gach ùghdarras ionadail fa leth.

Tha an aithisg seo: Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba Slànachadh agus Adhartas 2021-22, a' toirt seachad lèirmheas de na prìomh bhuilean agus eisimpleirean de chleachdadh gus taic a chur ri leasachadh air feadh nan ùghdarras ionadail gu lèir.

Bithear an dòchas gum faigh gach neach a tha an sàs ann an obair Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba buannachd às an fhoillseachadh seo agus iad a' leantainn orra le piseach a thoirt air builean chloinne agus daoine òga fo bhuidh bochdainn.

Earrainn 1

1.1: Facal-toisich

Chuireadh Dùbhlán Coileanadh na h-Alba (SAC) air dòigh gus co-ionannachd ann am foghlam adhartachadh le a bhith dèanamh cinnteach gum faigh gach leanabh an t-aon chothrom soirbheachadh, le cuideam air a' bheàrn ann am buil ceangailte ri bochdainn a dhùnadh. Tha am poileasaidh a' faighinn taic bhon Fhrèam Leasachaidh Nàiseanta, an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus Ga Fhaighinn Ceart Airson Gach Leanaibh. Tha e a' cuimseachadh air leasachadh ann an litearrachd, cunntadh agus slàinte is sunnd. 'S e cur às do dhìth co-ionannachd ann am foghlam agus a' bheàrn ann am buil ceangailte ri bochdainn a dhùnadh ro-innleachd san ùine fhada a tha ag amas air buaidh a thoirt air cultar agus smaoineachadh an t-sluaigh. Air an 23 Samhain 2021 dh'ainmich Rùnaire a' Chaibineit an rùn leudaichte den SAC ùraichte, a chithear gu h-ìosal.

Foghlam a chleachdadh gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is do dhaoine òga fo bhuidh bochdainn le cuideam air dèiligeadh ris a' bheàrn a thaobh buil foghlaim co-cheangailte ri bochdainn.

Tha an aithisg seo a' toirt iomradh air an adhartas ann an 2021-22 agus buaidh nan ath cheumannan mar a dh'innsear ann an '[Dùnadh na beàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn: aithisg adhartais 2016 gu 2021](#)'.

Aithnichear ceannas mar prìomh adhbhar ann an soirbheachadh gach sgoile, no suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne. Bheir an aithisg sùil nas gèire air Ceannas – Riaghladh agus Stiùireadh a thaobh an SAC. Cuideachd san aithisg seo chithear iomradh air buil ath cheumannan gach ùghdarras ionadail a thaobh coileanadh àrdachadh agus neo-ionannachd foghlaim a lùghdachadh do chloinn agus daoine òga na h-Alba gu lèir.

Tha dùil aig an aithisg seo sealladh cuideachd na tha a' tachairt air feadh na h-Alba. Chan eil ann ach aon phàirt den t-sreath aithris agus measaidh a tha a' dol air feadh Dùbhlán Coileanadh na h-Alba.

1.2: An dòigh a chleachdar

San ùine Gearran gu Ògmhios 2022, chruinnich luchd-comhairleachaidh coileanaidh, ann an co-bhoinn ri ceannardan pròiseict SAC aig ùghdarrasan ionadail fianais a thaobh adhartas leis an SAC ann an 2021-22. Thug na ceistean àrd-ìre a leanas frèam-obrach gus fianais a chruinneachadh a thaobh adhartas agus buaidh SAC:

- Dè an t-adhartas a rinn sibh a thaobh nan ath cheumannan a chaidh ainmeachadh san Aithisg Buaidh SAC: 2015-20 agus dè a' bhuidheachadh a thug seo?
- Ceistean bho ghoireas fèin-luachaidh [SAC mu Cheannas](#) – Riaghladh agus Stiùireadh:
 - Gu dè an ìre dha bheil ur structaran co-dhùnaidh soilleir agus faicsinneach do luchd-ùidhe gu lèir?
 - A thaobh ur dòigh-obrach planaidh, gu dè an ìre a nì sibh cinnteach gu bheil ur planaichean simplidh, soilleir agus a' cuimseachadh air co-ionannachd?
 - Dè cho èifeachdach agus a tha ur pròiseasan gealltanais càileachd a' toirt seachad taic agus dùbhlán, agus a' toirt cumhachd do sgoiltean cuimseachadh air co-ionannachd?
 - Gu dè an ìre dha bheileas a' beachdachadh air agus a' dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd san ùine fhada mar phàirt de ur cuid planaidh gus co-ionannachd a ruighinn?
 - Dè cho math agus a tha sibh air fiosrachadh a chumail ri ur buill thaghte agus luchd-ùidhe eile mu dheidhinn adhartas gus a' bheàrn a thaobh buil foghlaim co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh?
 - Ciamar a nì sibh cinnteach gu bheil sgrùdadh gu leòr ann le buill thaghte air obair Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba san ùghdarras ionadail agus ann an sgoiltean? A bheil seo a' gabhail a-steach làn fharsaingeachd de dh'obair, nam measg Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear agus Ionmhas Eòlaiche-cùraim?

Ag àm slànachadh foghlaim, gu dè an ìre:

- A bheileas a' dèanamh cinnteach gu bheil ar planaichean simplidh, soilleir agus a' cuimseachadh air slànachadh?
- Dè cho math agus a tha sibh air fiosrachadh a chumail ri ur buill thaghte agus luchd-ùidhe eile mu dheidhinn buaidh COVID-19 air na sgoilearan as miosa dheth agus adhartas gus a' bheàrn a thaobh buil foghlaim co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh?
- Dè na h-ath cheumannan / prìomhachasan san àm ri teachd a tha agaibh do SAC?

Earrainn 2

2.1: Adhartas agus buaidh nan ath cheumnanan bho Aithisg Bliadhna 5

San Dùbhlachd 2020 chruinnich luchd-comhairle coileanaidh (AAs) fianais bho na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir mar thaic do fhoillseachadh Aithisg Buaidh Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba (SAC) airson 2015-2020. A bharrachd air fianais a thoirt seachad mu bhuidh nan ciad còig bliadhna de SAC, chomharraich ùghdarrasan ionadail an cuid phrìomhachasan agus na h-ath cheumnanan airson 2021-22. Tha an earrainn seo a' toirt iomradh air an adhartas a rinneadh a thaobh nam prìomhachasan/ath cheumnanan sin.

Ged a rinn na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir spàirn gus adhartas a dhèanamh anns na h-ath cheumnanan, cha robh seo gun a chuid dùbhlain fhèin, leis na choinnich iad, agus ris na thathas fhathast a' coinneachadh, de dhuilgheadasan mar thoradh air COVID-19.

B' iad na prìomh raointean air an tugadh iomradh tro na h-ath cheumnanan airson leasachaidh a chaidh ainmeachadh a cheana: Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear (PEF), Ionmhas Cloinne le Eòlas air Cùram (CECYP) agus nan Daoine Òga, buil leasachadh dàta agus ionnsachadh proifeiseanta fad beatha-obrach.

Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear

Chomharraich a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail PEF mar ath cheum. Do chuid, bha adhartas a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air na dòighean airson planadh agus aithris am broinn na cuairt leasachaidh sgoile agus aithis air inbhean agus feabhas a tha ann mar-thà. 'S e sgrùdadh air planaichean PEF gus an toirear comhairle agus stiùireadh fa leth do sgoiltean comharra den adhartas a tha ùghdarrasan ionadail a' dèanamh, agus ann am mòran shuidheachaidhean, 's e comhairliche coileanaidh a bheir taic don obair seo.

Rinn an t-ùghdarras ionadail sgrùdadh air pròiseasan planaich, measaidh agus aithris PEF gu lèir san Lùnastal 2021. Mar thoradh air an sin, thathas air an dòighean aithris mu bhùilean caitheamh-airgid PEF gus dèanamh cinnteach gum meudaichear buaidh an ionmhais.

Tha mòran ùghdarrasan ionadail air piseach a thoirt air an dòigh sa bheilear a' cumail taic ri sgoiltean gus am bithear cinnteach gum meudaichear an taic-airgid. Thugadh comhairle agus stiùireadh ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte. Nam measg, tha coinneamhan lìonraidh do luchd-ùidhe agus ceannardan-sgoile iomchaidh, le luchd-comhairle coileanaidh a' cumail taic agus dùbhlain ri sgoiltean agus cuideachd sgrùdadh air planaichean PEF.

Tha dùil soilleir aig an ùghdarras gun toir na sgoiltean aithisg measaidh air buaidh PEF. A thaobh planaich do PEF, thathar a' sùileachadh gum bi bùilean leasachaidh gam fighe a-steach ann an gnìomhan agus dòighean-obrach comharraichte. Nì an t-ùghdarras, le taic an AA, barantachd càileachd agus cuiridh e ri chèile na h-aithisgean agus planaichean PEF bho na sgoiltean gu lèir. Bheir seo sealladh soilleir seachad de bhuidh PEF ann an 2021-22 agus na bùilean a bhitear a' sùileachadh ann an 2022-23.

Bhon Fhaoilleach 2022 chùm an sgioba co-ionannachd agus AA orra le turasan-tadhail PEF/SAC agus taic agus comhairle a thoirt do sgoiltean. Nochd Sgrùdadh air Prògraman Sgoile ann an 2021-22 gun robh cuimseachadh sònraichte a dhith air 50% dhiubh a thaobh builean agus measadh. Ron Dùbhlachd 2021, le taic chuimsichte agus làidir bhon sgioba co-ionannachd, bha builean agus measadh iomchaidh a-nis aig 91% de na sgoiltean sin.

Tha mòran ùghdarrasan ionadail air a bhith a' cuimseachadh air piseach a thoirt air planadh agus aithris mun PEF. A rèir fianais bho na h-ath cheumannan bhathas ag aithneachadh nach eil seann phròiseasan, planaichean agus aithisgean an còmhnaidh cho èifeachdach agus a dh'fhaodadh iad a bhith a thaobh builean a nochdadh no buaidh a mheas.

Thugadh taic a bharrachd do seo le toirt a-steach teamplaid planaigh ùr, air leth do PEF agus farsaingeachd taic a nì cinnteach gu bheil ceannardan-sgoile an sàs ann an sgrùdadh brìghmhor co-theacsail mar ullachadh do phlanadh PEF.

Thugadh feabhas air planadh, measadh agus aithris PEF gach bliadhna agus tha e a-nis co-thaobhach ri cuairt leasachaidh na sgoile. Rinneadh cruth ùr planaigh PEF agus tha cha mhòr gach uile àite ga chleachdadh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil dòighean buntainneach an sàs gus buaidh phlanaichean, ghnìomhan agus dhòighean-obrach a mheas.

Fiosrachadh

Dh'ainmich an dàrna leth de dh'ùghdarrasan ionadail farsaingeachd mhòr de thoraidhean piseach dàta nan ath cheumannan. Rinn còrr is an dàrna leth adhartas brìghmhor a thaobh nam builean sin. Nam measg, tha:

- mar a chleachdar agus a rannsaichear fiosrachadh gus innse mun bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn
- a' togail comas agus misneachd luchd-obrach
- cruthachadh shiostaman freagarrach gus taic a chur ri cruinneachadh agus sgrùdadh pacaidean fiosrachaidh
- fiosrachadh a chleachdadh gus sùil a chumail air buidhnean sònraichte agus gus an sgrùdadh
- conaltradh ga stiùireadh le fiosrachadh
- co-dhùnidhean air bhonn fiosrachaidh

Tha mòran ùghdarrasan ionadail air sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air mar a chruinnicheas agus a chuireas iad rian air fiosrachadh le cuid a' toirt a-steach bathar-bog ùr no rianachd siostaman dàta gus seo a thoirt gu buil. Am measg prìomh raointean airson cleachdadh agus sgrùdadh fiosrachaidh tha an t-amas air piseach a thoirt air toraidhean do Chloinn agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram, agus na sgoilearan sin gam frithealadh tro PEF agus làthaireachd agus slàinte is sunnd.

Tro thoirt a-steach bathar-bog ùr (Power BI) gheibhear sàr-shealladh air fiosrachadh coileanaidh a tha aithghearr agus ruigsinneach. Mar thoradh air sin, gheibh luchd-stiùiridh sgoiltean cothrom air meòrachadh, measadh agus planadh airson feabhas gus an greimich iad ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Tha siostaman sgrùdaidh làidir a-nis an sàs aig gach bun-sgoil mar thaic do phlanadh agus do aithris mhionaideach. Chithear fianais bho 2021-22 a bheir oirnn creidsinn nach eil a' bheàrn a thaobh comas cunntaidh cho mòr is a bha an dùil.

Tha fianais làidir ann gu bheileas a' cleachdadh fiosrachaidh gu ciallach gus puingeann làidir a chomharrachadh agus airson leasachaidh. Chuir cuid de dh'ùghdarrasan an cleachdadh 'Conaltradh ga Stiùireadh le Dàta' an sàs. Le seo, chaidh piseach aithris a thaobh cho earbsach is a tha sgrùdadh an fhiosrachaidh agus misneachd an luchd-obrach.

Chuir cleachdadh conaltradh ga stiùireadh le dàta ri misneachd sgiobaidhean ceannas sgoiltean nuair a tha iad a' mìneachadh agus a' sgrùdadh fiosrachadh gus cur ri aithris Inbhe agus Càileachd agus Planadh Leasachadh Sgoile. Mar thoradh air sin, thàinig piseach air càileachd nam planaichean, is le sin earbsachd a bharrachd agus nas lugha de dhiofaran a thaobh toraidhean a tha gan aithris.

B' e aon dhòigh a chaidh aithris tòiseachadh air 'turasan-tadhail dàta airson leasachaidh'. Bhiodh oifigich leasachaidh càileachd agus an AA ri conaltradh le sgiobaidhean ceannas sgoiltean a thaobh mar a chleachd iad fiosrachadh gus cur ri piseach agus sùil a chumail air leasachadh. B' e dòigh eile a chaidh aithris obrachadh ann an co-bhonn ri com-pàirtiche oilthigh gus sgoiltean fèin-leasachaidh a chruthachadh. Far am faicear an leithid de dhòighean neartaich iad sgrùdadh dàta, co-dhùnidhean air bhonn dàta, agus dòighean gam bonntachadh air fianais.

Bidh na tadhail, a thugadh a-steach ann am bun-sgoiltean, a' gabhail àite trì tursan gach bliadhna. Le mar a tha na tadhail sin a-nis nam pàirt de chleachdadh thathas a' cuimseachadh barrachd air ciamar a tha sgoiltean a' comharrachadh agus a' greimeachadh ri beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Clann agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram

Chomharraich a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail piseach nan obair gus taic a chumail ri Cloinn agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram (CECYP) nan ath cheumannan. Fhuair an ìre mhath an dàrna leth dhiubh air piseach aithris a thaobh taic a chumail ris a' bhuidhinn seo de chloinn is daoine òga. Rinn feadhainn dhiubh adhartas le a bhith ag obair ann an co-bhonn le buidhnean san treas roinn.

Tha an t-ùghdarras ionadail air a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus taic chuimsichte leantainneach a chumail ri cloinn agus daoine òga le eòlas air cùram a bharrachd air an fheadhainn air oir cùraim. Am measg nam prògraman tha co-labhairtean buidhnean teaghlach, taic a chumail ri cloinn le eòlas air cùram a tha ann an cunnart dealachadh bhon fhoghlam, meantoradh sgoile is coimhearsnachd, agus ionnsachadh às dèidh na sgoile agus taic do chloinn aois bun-sgoile.

Ann am beagan de na h-ùghdarrasan ionadail, chuireadh sgoiltean air-loidhne air dòigh agus tòisichear a' faicinn deagh bhuidh.

Tha an sgoil air-loidhne a-nis air dòigh agus le luchd-obrach gus an toirear taic do CECYP. Bithear ri eadar-theachd ann an co-bhonn ri teaghlachan, sgoiltean ionaid agus proifeiseantaich bhuntainneach agus tha iad rim faotainn ann an suidheachadh sgoile no coimhearsnachd agus/no dachaigh an neach òig, a rèir na tha iomchaidh. Dh'adhbhraich obair mhòr piseach air cleachdadh èifeachdach de dh'fhiosrachadh agus dh'adhbhraich sin siostam nas fheàrr de sgrùdadh air coileanadh, buileachadh agus sunnd nan CECYP gu lèir. Dh'adhbhraich am piseach anns na pròiseasan sin agus ann an cleachdadh fiosrachaidh planadh aig àrd inbhe a tha a' toirt chothroman brosnachail agus innleachdail airson eadar-theachd a bhios uile-choitcheann, cuimsichte agus dian gus na builean agus coileanadh as fheàrr fhaighinn do chloinn agus daoine òga a tha an sàs san sgoil air-loidhne.

Bidh ceannard na sgoile air-loidhne a' comharrachadh agus a' cuideachadh sgoilearan le eòlas air cùram.

Dh'fhastaich an t-ùghdarras ceannard-sgoile air-loidhne gus sùil a chumail air mar a thèid do Chloinn agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram. Chuir iad taic ri leasachadh proifeiseanta do luchd-stiùiridh sgoiltean, cleachdadh nas fheàrr de dh'fhiosrachadh gus fios a chur ri planadh, comharrachadh eadar-theachdan cuimsichte agus cleachdadh nas fheàrr de ghoireasan.

Tha farsaingeachd fianais ann gu bheil ionmhas an CECYP ga chleachdadh gu h-èifeachdach ann an diofar dhòighean.

Nochd ionmhas a chuireas taic ri ionnsachadh a-muigh àrdachadh 100% san àireamh de thurasan a-muigh agus làithean com-pàirteachaidh sgoilearan. Ann an rannsachadh-beachd a rinneadh ann an 2021, thuirt daoine òga gun robh iad ag ionnsachadh agus a' faireachdainn sàbhailte tron cuid com-pàirteachaidh ann an ionnsachadh a-muigh a chaidh a phlanadh.

Tha am prìomh oifigear airson fiosrachaidh a' cruinneachadh seataichean dàta a leigeas leis an ùghdarras ionadail agus le ceannardan-sgoile an cuid CECYP a chomharrachadh agus planadh airson eadar-theachdan gus taic a chur ri piseach ann an coileanadh.

Bidh còmhraidhean coileanaidh le sgoiltean, coinneamhan a tha nam pàirt den chlàr airson piseach air càileachd, a' cuimseachadh air CECYP gus am bithear cinnteach gun toirear an taic cheart seachad. Bidh còmhraidhean còmhla ri àrd-sgoiltean cuideachd a' cuimseachadh air cinn-uidhe chuideachail.

Tha làn sgioba foghlaim a-nis ann do sgoilearan a tha eòlach air cùram agus bidh iad a' cuideachadh le coileanadh agus com-pàrteachadh sgoilearan a tha eòlach air cùram. Tha goireasan a tha gan stiùireadh bhon mheadhan agus le sgoiltean air an cuimseachadh agus an cleachdadh nas fheàrr gus freagairt air na prìomh phuingeas as truime don ùghdarras ionadail.

Chleachd an t-ùghdarras ionadail ionmhas cuideachd gus neach-teagaisg a bharrachd fhastadh ann an altram corporra am-bliadhna, a chumas taic dhìreach ri clann agus daoine òga le eòlas air cùram. Dh'adhbhraich seo: barrachd luchd-ionnsachaidh aig a bheil duilgheadas a' dol an sàs nan cuid foghlaim, a' faighinn na taic 1:1 a tha a dhìth orra.

Tha an sgoil air-loidhne a-nis air dòigh agus le luchd-obrach gus an toirear taic do CECYP. Bidh eadar-theachdan gan toirt seachad ann an com-pàirt le teaghlaichean, sgoiltean ionaid agus proifeiseantaich buntainneach agus tha iad rim faotainn ann an suidheachadh sgoile no coimhearsnachd agus/no dachaigh an neach òig, a rèir na tha iomchaidh.

Tha co-obrachadh follaiseach ann an cuid de na h-ùghdarrasan ionadail a tha a' dèanamh adhartais san raon seo.

Tha am prìomh neach-obrach sòisealta agus an t-àrd oifigear foghlaim ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil planaichean ro-innleachdail stèidhichte dhan Mhaoin Chloinne agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram.

Chuireadh riaghailtean sgaoileadh fiosrachaidh air dòigh eadar obair-shòisealta agus foghlaim.

Ionnsachadh Proifeiseanta fad Beatha-obrach

Chuir trian de na h-ùghdarrasan ionadail Ionnsachadh Proifeiseanta fad Beatha-obrach (CLPL) le cuideam air co-ionannachd am measg nan ath cheumannan. A thaobh an adhartais a rinneadh, dh'innis grunn ùghdarrasan ionadail gu bheil ionnsachadh proifeiseanta a' togail comas agus misneachd ann an cleachdadh fiosrachaidh.

Thug an t-ùghdarras ionadail trèanadh 'ionnsachadh bhon fhiosrachadh agad' seachad a bharrachd air taic do luchd-teagaisg clas agus iar-cheannardan ann an sgrùdadh dàta. Dh'adhbhraich seo piseach a thaobh misneachd le dàta agus comas-tuigse dàta agus rinn seo cinnteach gu bheil ìre earbsach de chothromachadh ri lorg aig ionadan. Shoirbhich leis an ùghdarras gus 'gaisgich dàta' ainmeachadh do gach cruinneachadh de sgoiltean agus gheibh luchd-stiùiridh sgoiltean taic chunbhalach bho mhuinntir sgioba a' mheadhain.

Tha prògram trèanaidh mu chleachdadh fiosrachaidh èifeachdach ga chruthachadh an-dràsta agus bheirear seachad e do àrd-luchd-obrach ùghdarras ionadail agus ceannardan-sgoile aig toiseach na h-ath bhliadhna sgoile.

Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, fhuaras gur iad sgoileadh fiosrachadh mu chleachdaidhean agus ceistean do luchd-obrach dòighean èifeachdach a bhith cinnteach gu bheileas a' cuimseachadh air co-ionannachd. Ann an cuid eile, chuir cuideam air ceannaas taic ri piseach air siostam.

Rinn gach sruth-obrach adhartas a thaobh ionnsachadh proifeiseanta a dhealbh agus iad a' cleachdadh dòigh ceist/gnìomh agus a tha bonntaichte air rannsachadh. Tha beachdan bho luchd-obrach a' nochdadh deagh bhuaidh air cleachdadh teagaisg agus an comas co-dhùnaidhean a dhèanamh a tha fiosraichte agus air am bonntachadh air fianais gus am bithear a' gluasad atharrachadh air adhart.

Chaidh prògram ionnsachaidh proifeiseanta cunbhalach 'Ceannas Airson Co-ionannachd' a chruthachadh do luchd-stiùiridh sgoiltean. Tha an sreath seo de dh'ionnsachadh proifeiseanta ag amas air ceannardan foghlaim uidheamachadh leis an fhiosrachadh, tuigse, beachdan agus sgilean a tha a dhìth orra agus a thogas air na leasan a dh'ionnsaicheadh anns na còig bliadhna a chaidh seachad. Choilean 31 neach-stiùiridh sgoiltean bho air feadh an ùghdarras ionadail an sreath seo de dh'ionnsachadh proifeiseanta gu ruige seo. Nochd measaidhean gu bheil 100% den luchd-com-pàirt ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gun do chuidich an t-ionnsachadh proifeiseanta seo iad a thaobh prìomh ghnìomhan ro-innleachdail airson co-ionannachd ullachadh.

Chuireadh cothroman airson conaltradh proifeiseanta ri làithean trèanaidh cheannardan-sgoile. Chuireadh feasgar 'Sàr-mhaitheis agus Co-ionannachd' air-loidhne air dòigh agus nochd ceithir sgoiltean an cuid adhartais agus buaidh a' cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan. Thàinig farsaingeachd chom-pàirtichean don tachartas. Mar thoradh air sin, tha luchd-ùidhe air tòiseachadh tuilleadh aithne a bhith aca air buaidh dòighean-obrach cuimsichte ionadail.

Ann am beag-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail, thugadh iomradh air fianais adhartais a thaobh sgrùdaidh, cruthachadh frèaman-obrach piseach air càileachd, planaichean/ro-innleachdan gus coileanadh àrdachadh, fèin-luachadh agus ceannas.

Nochd cuimseachadh a bharrachd air sgrùdadh buannachd le ceannardan-sgoile gan cuideachadh agus dùbhlán ga chur mun coinneamh ann an dòigh nas èifeachdaich. Bidh prìomh oifigich, stiùirichean gnìomhachais sgoiltean agus luchd-comhairleachaidh coileanaidh a' cumail a' toirt taic do phlanadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan tro stiùireadh agus trèanadh. Dh'adhbhraich seo barrachd planaidh le conaltradh, co-dhùnaidhean gam bonntachadh air fianais, measadh stèidhichte air fiosrachadh agus aithris mu bhuaidh.

Dh'ùraich an t-ùghdarras ionadail am frèam-obrach leasachadh càileachd bliadhnaile agus thathas a' gealltainn leantainn orra le tadhail leasachadh càileachd a bhios a' cuimseachadh air coileanadh agus co-ionannachd. Bheir am frèam-obrach agus na tadhail stiùireadh, taic agus dùbhlán do luchd-stiùiridh sgoiltean.

Tha an t-ùghdarras ionadail ag ullachadh ro-innleachd gus buileachadh àrdachadh. Bheir an ro-innleachd cothrom cuimseachadh air mar a thomhaisear soirbheas tro dhòigh-obrach air a bhonntachadh air fiosrachadh agus tha e air a stèidheachadh air dòighean-obrach leasachadh càileachd.

Rinn oifigich ùghdarras ionadail sgrùdadh agus measadh air freagairtean fèin-luachaidh a thaobh dòighean cur às do bhacaidhean co-cheangailte ri bochdainn bho 64 suidheachaidhean foghlaim anns gach roinn, mar chuideachadh do cho-dhùnaidhean ro-innleachdail.

2.2: Ceannas – Riaghladh agus Stiùireadh

Chomharraich Aithisg Buaidh SAC airson 2015-2020 prìomh leasan a chaidh ionnsachadh anns na ciad 5 bliadhna den Dùbhlán. B' e aon dhiubh tuigse choitcheann de phrògram SAC a bhith aig daoine. Chomharraich an aithisg seo cho cudromach is a tha e sealladh soilleir follaiseach a bhith ann airson co-ionannachd aig an dà chuid inbhe an ùghdarras ionadail agus aig inbhe sgoile. Dh'aithnicheadh gun robh planadh ro-innleachdail a stèidhich cinn-uidhe agus gnìomhan soilleir air leth cudromach.

Chaidh an goireas Fèin-luachaidh SAC ùrachadh san t-Sultain 2020 gus feart a thoirt air COVID-19. Chaidh an goireas seo a dhealbh gus siostam an fhoghlaim a chuideachadh ag obair a thaobh co-ionannachd a fèin-luachaidh. Cleachd luchd-comhairleachaidh coileanaidh an earrainn mu 'Cheannas – riaghladh agus stiùireadh' gus luachadh agus aithris a dhèanamh air na dòighean is pròiseasan a chleachdar am broinn gach ùghdarras ionadail ann an 2021-22.

Nochd fianais bho air feadh Alba grunnan dhòighean-obrach is pròiseasan èifeachdach airson riaghladh agus stiùireadh. Am measg nam prìomh chuspairean a tha a' nochdadh, tha:

Pròiseasan barantas càileachd

Tha fianais a' sealltainn gu bheil pròiseasan an sàs airson barantas càileachd SAC sa mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail.

Sa chuid as motha de dh'eisimpleirean, tha iomradh air tadhail barantas càileachd (QA). Thathas a' bruidhinn mu thadhail mar chothroman cunbhalach do oifigich às a' mheadhan taic agus dùbhlán a thoirt do sgoiltean a thaobh ciamar a thathas a' planadh airson agus a' ruighinn air co-ionannachd. Nithear an leithid an aon chuid mar thadhail annta fhèin no mar phàirt de choinneamhan nas fharsaing mu choileanadh agus buileachadh. Ann an cuid de shuidheachaidhean, 's e Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan (PEF) gnothaich stèidhichte aig coinneamhan coileanaidh no coinneamhan grunnan sgoiltean/Ionradh. Sa mhòr-chuid de shuidheachaidhean innsear gu bheil taic fiosrachaidh ga chumail ri tadhail QA. Tha seo ag adhbharachadh cuimseachadh sònraichte air adhartas, buaidh agus prìomh àitichean airson leasachadh a chomharrachadh. Far a bheil iomradh air tadhail QA, bidh eadar dhà is ceithir dhiubh a' gabhail àite gach bliadhna.

Bha e follaiseach gu robh pròiseasan ann airson barantas càileachd air planadh sgoile. Sa chuid as motha de dh'eisimpleirean, tha planaichean airson beàrn a' choileanaidh a dhùnadh agus PEF nam pàirtean de chuairt leasachaidh na sgoile. Dh'adhbhraich seo: gu bheil aithne a bharrachd air feadh nan ùghdarrasan mu dhòighean-obrach agus buaidh a bhios gam planadh. Ann an cuid de shuidheachaidhean, bidh an t-ùghdarras ionadail a' comharrachadh agus a' toirt seachad taic uile-choitcheann, cuimsichte no dian gu tric ann an com-pàirteachas leis an neach-comhairleachaidh coileanaidh agus an sgioba nas fharsaing aig Foghlam Alba.

Sa bhliadhna a chaidh seachad chruthaicheadh pròiseasan barantas càileachd gus beachdachadh air dòigh-obrach uile-choitcheann, cuimsichte no dian, a' dèanamh cinnteach gum faigh sgoiltean taic agus dùbhlán mar a tha a dhith orra. Tha seo a' gabhail a-steach leasachadh leantainneach air siostam comasaichte tron phrògram airson Sgoiltean Fèin-leasachaidh. Rinneadh sgrùdadh air an obair seo bho chionn ghoirid le taic co-obrachaidh ADES/Foghlam Alba agus mheasadh an t-adhartas gu ruige seo agus thugadh taic gus na h-ath cheumannan a chomharrachadh, a' cur taic ri cunbhalachd air feadh na seirbhis agus a' cuimseachadh gu soilleir air toraidhean nas fheàrr do dhaoine òga.

Tha am mìosachan QA a' deachdadh cinn-là agus dùil shoilleir airson aithris mu na h-ìrean a thathar a' sùileachadh dà thuras sa bhliadhna-sgoile ron aithris mu dheidhinn san Ògmhios. Dh'adhbhraich rannsachadh air an fhiosrachadh seo obair chuimsichte a bharrachd do chuid de sgoiltean.

Tha aithris a' sealltainn gu bheil pròiseasan QA a' sìor atharrachadh. Chaidh aithris gun tug àireamh luchd-obrach agus buaidh COVID-19 buaidh brìghmhor air cho susbainteach is a bha tadhail agus coinneamhan ro-innleachdail. Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha iomradh air QA mar chuspair a thèid ath-sgrùdadh san àm ri teachd.

Planaichean Ro-innleachdail

Tha prìomhachasan gus a' bheàrn coileanaidh ceangailte ri bochdainn a dhùnadh am broinn planaichean ro-innleachdail rim faicinn anns a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Sa chuid as motha de shuidheachaidhean bidh earrainn de dh'aithisgean bliadhna air piseach càileachd inbhe sheirbheis a' cuimseachadh air co-ionannachd. Tha aithrisean cuideachd a-mach air ceangalan ri planadh Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta (NIF), planaichean Slànachadh Foghlaim agus planaichean gnìomh bochdainn ionadail.

Bheir frèam-obrach leasachadh càileachd seirbheis ùraichte taic do luchd-obrach agus com-pàirtichean foghlaim gus planaichean bliadhna a chruthachadh a bhios a' cuimseachadh air co-ionannachd agus a dheachdas ciamar a ruigeas iad cinn-uidhe ùghdarrasan ionadail. Tha an dòigh-obrach seo a' leigeil le sgoiltean feart a ghabhail air an t-suidheachadh air leth aca fhèin agus a bhith cuimsichte agus cruthachail.

Chithear comharran gu bheil farsaingeachd luchd-ùidhe air a bhith an lùib planaidh ro-innleachdail. Ann an cuid de chomhairlean ionadail, chuireadh buidhnean ro-innleachdail air leth air dòigh gus taic a chumail ri planadh agus aithris. Ann an cuid de shuidheachaidhean bithear a' conaltradh ri Comhairlean Pàrant mu na planaichean sin. Tha farsaingeachd dhòighean ann gus buaidh a thomhas. Mar as trice, bidh na dòighean sin co-thaobhach ris an fheadhainn a tha gam mineachadh san NIF.

Chithear am plana NIF mar grunn leasachaidhean a dh'atharraicheas agus iad stèidhichte air farsaingeachd mhòr de phrìomhachas air feadh na seirbheis. Thathas a' cumail a' dol a' conaltradh ri luchd-ùidhe agus com-pàirtichean agus am plana a' dol.

Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, thathas air sruthan-obrach agus ceannardan a dh'aon ghnòthaich a chomharrachadh gus prìomhachasan ro-innleachdail mu cho-ionannachd a thoirt air adhart. Ann an àitichean eile, tha ceannard SAC air leth dhan ùghdarras. San fharsaingeachd, tha an fhianais a' sealltainn gu bheil planadh aig ìre ùghdarras co-thaobhach ri planadh aig ìre sgoile. Far a bheil seo ag obair gu math, tha e air fhisghe a-steach ann an cuairt planaidh agus pisich. Sgaoilear stiùireadh gu sgoiltean mar thaic do phlanadh agus aithris. Mar thoradh air sin, tuigidh sgoiltean an uallaichean agus mar a tha iad sin a' ceangal ri prìomhachasan ro-innleachdail agus nàiseanta.

Tha am pròiseas planaidh airson SAC agus PEF air a chur sa chuairt leasachaidh do gach ionad mar phàirt den stiùireadh agus rùn planaidh leasachaidh nas fharsaing. Tha an dòigh-obrach seo ga dheagh fhisghe a-staigh agus ga dheagh thuigse le ionadan agus is aithne do luchd-stiùiridh sgoiltean gu lèir an uallach a bhith a' planadh a rèir prìomhachasan cudromach Frèama-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus ùghdarras ionadail, nam measg dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Aithrisean do Bhuill Thaghte

Chithear fianais gu bheil a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' cumail fiosrachaidh chunbhalaich ri Buill Thaghte mu adhartas sDùbhlán Coileanaidh na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach aithrisean air gach taobh de Mhaoin Coileanaidh Alba, fiosrachadh mu choileanadh agus aithris mu bhuidh caitheamh airgid. A bharrachd air sin, tha cuideam air naidheachdan mu bhuidh COVID-19 agus slànachaidh.

Bidh an sgioba ag aithris mu dhiofar taobh de SAC do chomhairlichean ionadail, a' toirt inbhe de riaghladh agus cunntasachd do SAC agus do gach sruth maoineachaidh co-cheangailte ris aig ìre ionadail. Bidh an t-Àrd Oifigear Foghlaim cuideachd ag aithris gach bliadhna do na bùird pàrant agus comhairle sgoilear air feadh a' bhaile. Tha seo a-rithist a' leigeil pròiseas follaiseach agus ion-ghabhalach mu phlanadh, caitheamh airgid agus aithris buaidh SAC.

Far a bheil aithris air, bidh Buill Thaghte an lùib sgrùdadh air aithisgean, planaichean agus coileanadh tro choinneamhan comataidh clàraichte. Ann an cuid de dh'eisimpleirean, bidh ceannardan-sgoile an sàs sna còmhradhean sin le Buill Thaghte. Sa mhòr-chuid, sgaoilear fiosrachadh gu Buill Thaghte. Bheir seo taic do sgrùdadh air adhartas gus a' bhearn a thaobh coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Ann an cuid de sgìrean bidh planaichean airson caitheamh airgid gan cur mu choinneamh Comataidh an Fhoghlaim gus an gabh Buill Thaghte riutha.

Raointean eile a chaidh ainmeachadh

A bharrachd air na trì cuspairean gu h-àrd, chaidh farsaingeachd dhòighean-obrach a chleachdar gu h-ionadail a chomharrachadh mar phrìomh fheartan riaghlaidh. Nam measg tha ro-innleachdan gus coileanadh a thogail, piseach air càileachd, structaran riaghlaidh soilleir agus buidseatadh com-pàirteachail.

Na h-Ath Cheumannan/Raointean airson leasachadh

Chomharraich corra ùghdarras ionadail ath cheumannan airson ceannas agus riaghladh. Nam measg, bha:

- Planaichean a thogail airson seasmhachd
- Tilleadh bhon troimhe-chèile ann an riaghladh mar thoradh air buaidh COVID-19
- Cumail orra le dòighean-obrach barantachd càileachd agus structaran co-dhùnaidh a leasachadh
- Dèanamh cinnteach gum faicear dòigh nas co-fhillte a thaobh co-obrachaidh
- Cothroman a bharrachd a bhith ann conaltradh ri Buill Thaghte
- Fiosrachadh riaghlaidh a chleachdadh gus sgoiltean le taic a dhith a chomharrachadh.

Earrainn 3

3.1: Adhartas a dh'ionnsaigh Amasan Sìnidh a shuidheachadh agus ùrachadh SAC a chur an sàs

Amasan Sìnidh

Rinneadh am Frèam-obrach Airson Slànachaidh agus Cabhag a thaobh Adhartais (am Frèam-obrach) gus taic a chumail ris an ath chuairt den Dùbhlán Coileanadh na h-Alba (SAC) 'S e aon phrìomh eileamaid den Fhrèam-obrach gum feum amasan sìnidh a dh'ainmichear gu h-ionadail a bhith air an cur sìos ann am planaichean seirbheis foghlaim ùghdarras ionadail.

Tha dùil gum broснаich e builean nas fheàrr do chloinn agus daoine òga fo bhuidh bochdainn ma dheachdar amasan sìnidh. Nì ùghdarrasan ionadail 'prìomh mhodail' de dh'amasan sìnidh ionadail a ghabhas a thomhas a rèir prìomh thomhaisean am Frèam Leasachaidh Nàiseanta, nochdaidh modailean 'prìomh agus' prìomhachas ionadail a bharrachd.

Nuair a bhathas a' sgrìobhadh seo, bha na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir air adhartas a dhèanamh a thaobh amasan sìnidh a dheachdadh taobh staigh nan clàran-ama a tha nam pàirt den Fhrèam-obrach. Chuir na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir an amasan sìnidh ionadail gu Riaghaltas na h-Alba.

Tha cha mhòr a h-uile ùghdarras ionadail air innse gu bheil iad a' cleachdadh raoin fharsaing de sheataichean dàta agus gu bheil iad ag obair air rannsachadh co-theacsa mar thaic don obair aca a thaobh amasan sìnidh àrd-amasach ach ruigsinneach a tha freagarrach don t-suidheachadh aca fhèin a ruighinn.

Tha a' Bhuidheann Ro-innleachd Co-ionannachd a' cleachdadh an cuid sgrùdaidh cho-theacsail bun-loidhne, fiosrachadh coileanadh eachdraidheil às na 3-5 bliadhna a chaidh seachad, gus am beachdaich iad air amasan sìnidh àrd-amasach ach ruigsinneach don ùghdarras ionadail. Cuideachd, cleachdar am fiosrachadh as ùire à 2021-22 agus tuairmsean às na sgoiltean airson 2022-23 mar fhiosrachadh do na h-amasan sìnidh sin aon uair is gum bi iad rim faotainn.

Gus taic a chur ri cruthachadh amasan sìnidh freagarrach, tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail air a bhith a' conaltradh ri farsaingeachd luchd-ùidhe, ceannardan-sgoile nam measg. Tha seo na chuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' dealbh nan amasan sìnidh ann an dòigh cho-obrachail agus ath-aithriseach eadar oifigich ùghdarras ionadail. àrd-cheannardan ann an sgoiltean agus com-pàirtichean eile leithid Foghlam Alba.

Tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail air innse gu bheil iad ag obrachadh nas fharsaing taobh staigh a' Chearcall Leasachaidh Roinneil (RIC) no aig ìre nàiseanta gus taic a chur ris an smaoineachadh aca fhèin a thaobh amasan sìnidh. Mar eisimpleir, ghabh na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir ann an aon RIC an co-dhùnadh cuimseachadh còmhla air feabhas a thoirt air làthaireachd chloinne agus daoine òga as motha a tha fo bhuidh bochdainn. Bidh grunnan ùghdarrasan ionadail eile a' cuimseachadh air làthaireachd mar an t-amas sìnidh slàinte is sunnd no mar phàirt den cuid ghnìomhan 'prìomh agus.'

Tha an t-ùghdarras ionadail a' dèanamh adhartais a dh'ionnsaigh Amasan Sìnidh a shuidheachadh agus ùrachadh SAC a chur an sàs. Tha làn fhiosrachadh ga chumail ri ceannardan-sgoile agus thathas gan cumail an lùib ghnòthaichean a thaobh cur an sàs ùrachadh an SAC a bharrachd air amasan sìnidh agus prìomhachasan airson riarachadh Ionmhas Co-ionannachd Ro-innleachdail.

Tha àrd oifigich ag obair an-dràsta còmhla ri ceannardan-sgoile air amasan sgoile gus am bi iad co-thaobhach ri amasan an ùghdarras ionadail airson 22/23 agus na h-amasan sìnidh san àm air thoiseach a bhios àrd-amasach agus ruigsinneach. Cho-obrach an ceannard roinneil aig Dùbhlán Coileanadh na h-Alba (SAC) còmhla ri ùghdarrasan ionadail eile tron lionradh SAC a chuireadh air dòigh le Foghlam Alba.

Cur an sàs Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba ùraichte

Ann an co-bhonn le luchd-obrach aig Foghlam Alba tha na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir a' leantainn orra le ro-innleachdan a dhealbh gus an rùn ùraichte aig Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba (SAC) a chur an sàs. Tha feadhainn a' sgaoileadh prìomh theachdaireachdan aig coinneamhan cheannardan-sgoile làn ùghdarras agus làithean trànaidh. Thathas a' cuimseachadh air foillsichidhean leithid am Frèam-obrach agus prìomh fhoillsichidhean stiùiridh eile a thaobh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan (PEF) agus Ionmhas Chloinne agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram. Far a bheil an leithid iomchaidh, cuiridh an neach-comhairleachaidh coileanaidh ainmichte taic ri seo.

A rèir fianais, tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail ag obair gus cur ris an uiread de thaic a bheirear do sgoiltean agus ceannardan-sgoile a thaobh na gheibh iad de PEF. Tha seo a' gabhail a-steach ionnsachadh proifeiseanta sònraichte do àrd cheannardan gus am bithear cinnteach gum bithear a' cuimseachadh gu soilleir air poileasaidhean agus cleachdaidhean a dhealbh a chuireas taic ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Chithear cleachdaidhean leithid tadhail fèin-luachaidh do ionadan ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Bheir iadsan taic agus dùbhlán a bharrachd a thaobh cleachdadh PEF. Aig an aon àm, nì seo cinnteach gum faicear cuimseachadh a bharrachd air buaidh PEF agus sruthan Ionmhas Coileanaidh Alba a thomhas. Le suim do na foillsichidhean as ùire dh'ùraich cuid de dh'ùghdarrasan ionadail an cuid stiùireadh PEF ionadail gus taic a chumail ri àrd cheannardan a thaobh mar a chleachdar ionmhas a thugadh seachad.

Tha an t-ùghdarras ionadail ag ùrachadh ionadail PEF a rèir na shùilichear ann an ùrachadh SAC. Tha prògram de thaic do sgoiltean ga ùrachadh do 2022-23 mu thimcheall air planaigh èifeachdaich, adhartas a thomhas agus buaidh.

Tha an t-ùghdarras ionadail air stiùireadh ionadail PEF ùrachadh a rèir na shùilichear ann an ùrachadh SAC. Chumadh coinneamhan fiosrachaidh do luchd-stiùiridh sgoiltean tro làithean taic cheannardan-sgoile agus an Lionra Co-ionannachd. Tha siostaman sgrùdadh agus tràanadh do luchd-stiùiridh sgoiltean ann a thaobh dàta gus taic a chumail ri na thathas a' sùileachadh gu h-ionadail agus gu nàiseanta. Thathas air prògram mionaideach de thaic agus barantas càileachd a dhealbh airson 2022-2023.

Mar phàirt de rùn ùraichte SAC, chuireadh às den t-seòrsadh de dh'ùghdarrasan ionadail sònraichte Prògram Dùbhlán Sgoiltean. Bheirear airgead da rèir do gach ùghdarras ionadail tron Mhaoin Co-ionannachd Ro-innleachdail (SEF) uile-choitcheann. Dh'adhbhraich seo gum feumadh seann ùghdarrasan Prògram Dùbhlán Sgoiltean tighinn beò le riarachadh ùr. Chleachd a' mhòr-chuid de na h-ùghdarrasan Dùbhlain farsaingeachd ro-innleachdan, nam measg conaltradh còmhla ri luchd-ùidhe agus fèin-luachadh làidir, gus an tig iad beò leis an lùghdachadh mean air mhean ann an ionmhas. Tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' cumail taic ri sgoiltean Prògram Sgoile leis a' ghluasad gu riarachadh ùr le airgead agus goireasan a thoirt seachad bhon SEF aca fhèin.

Tha planaichean làidir aig an ùghdarras ionadail gus dèiligeadh ris an lùghdachadh obann ann an ionmhas agus iad a' gluasad bho inbhe ùghdarras le dùbhlán. Tha seo ga stiùireadh gu faiceallach le oifigich ùghdarras ionadail agus thathas a' toirt a-steach conaltradh farsaing leis an luchd-ùidhe gu lèir mu na tha romhpa anns na ceithir bliadhna tha air thoiseach.

Airson na bliadhna-sgoile 2022/23 mar phàirt den ghluasad gun mhodail ùr ùraichte aig SAC gheibh gach tè de na seann sgoiltean Prògram Sgoiltean fhathast earrainn den Mhaoin Co-ionannachd Ro-innleachdail gus an cùm iad taic-airgid ri dreuchdan agus dòighean-obrach eadar-ama, bonntaichte air feumalachdan nan coimhearsnachdan sgoile agus coimhearsnachdan ionnsachaidh sin.

3.2: Na h-ath cheumannan

Tha na h-ùghdarrasan ionadail (LAs) gu lèir air obrachadh còmhla ri an luchd-comhairleachaidh coileanaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air an adhartas agus gus na h-ath cheumannan aca a chomharrachadh. Ged a tha cuid de rudan aig feadhainn aca sa chumantas, buailidh na h-ath cheumannan air suidheachadh nan ùghdarras ionadail agus a thaobh càite a bheil iad nan turas leasachaidh. Am measg nam prìomh chuspairean a tha a' nochdadh, tha: cleachdadh ciallach de Mhaoin Coileanaidh na h-Alba (ASF) amasan sìnidh agus fiosrachadh. Tha iad sin uile cudromach a thaobh cur-an-sàs soirbheachail den Fhrèam-obrach ùr SAC.

Maoin Coileanaidh na h-Alba

Tha taic £1 billean a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba tron ASF air cùlaibh a' phrògram ùraichte SAC agus thathas ag amas air co-ionannachd a chur aig cridhe saoghal an fhoghlaim dha na h-uile. Cumar goireasan, tron ASF, ris na 32 ùghdarrasan ionadail tro Mhaoin Co-ionannachd Ro-innleachdail (SEF) agus ionmhas Chloinne agus Daoine Òga le Eòlas air Cùram agus do sgoiltean tron Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan (PEF).

Seallaidh fianais gun dèan a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail cinnteach gun ullaich iad planaichean soilleir airson cur-an-sàs an ASF a rèir an Fhrèam-obrach Airson Slànachaidh agus Cabhag a thaobh Adhartais (am Frèam-obrach). Cumar a' dol a' dealbh ro-innleachdan airson ùrachadh an SAC a chur an sàs. Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail gabhaidh seo a-steach sgioba SAC a stèidheachadh agus/no an seasamh làthaireil a thaobh riaghlaidh SAC ath-sgrùdadh. Bidh soilleireachadh a thaobh dreuchdan is dleastanasan oifigich ùghdarras ionadail bunaiteach a thaobh seo. Bu chòir seo dèanamh cinnteach gu bheil dòighean-obrach agus eadar-theachdan gam planadh gu faiceallach agus gu ro-innleachdail.

A' cleachdadh Maoin Co-ionannachd Ro-innleachdail, cuiridh an t-ùghdarras ionadail sgioba SAC ri chèile a' gabhail a-steach riochdachadh à gach earrainn den ùghdarras ionadail, an àrd-oifigear ùr SAC agus an neach-comhairleachaidh coileanaidh. Obraichidh an sgioba seo còmhla a' cleachdadh na dòigh-obrach Teòraidh Atharrachaidh / Modail Loidsig gus obair air leth cuimsichte a phlanadh air feadh an ùghdarrais ionadail, a' gabhail a-steach na roinne Leasachadh agus Ionnsachadh Coimhearsnachd.

Gabhaidh an obair a-steach ath-sgrùdadh air modailean crìochnachadh sruth-obrach SEF agus dòighean-obrach riaghlaidh eile a rannsachadh.

Aithnichear gum feum planadh ASF a dhèanamh le conaltradh ri luchd-ùidhe, nam measg ceannardan-sgoile, luchd-comhairleachaidh coileanaidh agus com-pàirtichean bhon taobh a-muigh. Is iomadh ùghdarras ionadail a chuir leasachaidhean ris na dòighean-obrach aca a thaobh ionmhas ASF, mar an ath cheum, a tha a-nis ag iarraidh a bhith cinnteach gum faicear cunntalachd agus co-obrachadh a thaobh eadar-theachdan agus dòighean-obrach a chur an sàs. Le seo aithnichear gum feum seo a bhith a' ciallachadh gum faicear leasachaidhean agus adhartas a thaobh a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Plana ro-innleachdail ceithir bliadhna ullachadh airson na Maoin Co-ionannachd Ro-innleachdail còmhla ri àrd cheannardan agus ceannardan-sgoile.

Structar riaghlaidh làidir a stèidheachadh a chuirear an sàs gu seasmach is gu cothromach a bheir seachad dùbhlán agus cunntalachd air feadh gach pàirt de ASF.

Amasan Sìnidh

Tha am Frèam-obrach a' comharrachadh mar a dh'fheumas ùghdarrasan ionadail amasan sìnidh àrd-amasach, a bhios gan comharrachadh gu h-ionadail, gach bliadhna. Nuair a bhathas a' sgrìobhadh seo, bha na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir air adhartas a dhèanamh a thaobh amasan sìnidh a dheachdadh airson 2022-23. Tha dùil gum broснаich e builean nas fheàrr do chloinn agus daoine òga fo bhuidh bochdainn ma dheachdar amasan sìnidh, gu h-àraid don fheadhainn as motha a tha fo bhuidh bochdainn.

Amasan sìnidh bunaitich agus 'plus' a dhealbha bhiodh brìghmhor, àrd-amasach agus ruigsinneach agus a chuireadh taic ri slànachadh agus adhartas. Taic a chumail ri sgoiltean a thaobh amasan sìnidh nan ùghdarras ionadail a ruighinn.

Aithnichear gum feumar cuimseachadh fhathast air obair gus na h-amasan sìnidh seo a ruighinn agus gus pròiseasan a chur an sàs gus amasan sìnidh don àm a tha ri teachd ullachadh a bhios a rèir an Fhrèam-obrach. Bidh e cudromach do dh'ùghdarrasan ionadail gum bi riaghailtean soilleir agus làidir stèidhichte aca.

Nì an t-ùghdarras ionadail cinnteach gum bi pròiseasan agus riaghailtean gus amasan sìnidh a dheachdadh gan stèidheachadh agus gan cur an sàs gus am bithear cinnteach gum faicear còmhraidhean co-obrachail agus cleachdadh èifeachdach de dh'fhiosrachadh air ìre sgoile.

Tha am Frèam-obrach gu soilleir ag innse gum bu chòir deachdadh amasan sìnidh ionadail a bhith na phròiseas ath-aithriseach agus co-obrachail eadar ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean. Do chuid do dh'ùghdarrasan ionadail tha na h-ath cheumannan gu soilleir a-mach mu cho cudromach is a tha e a bhith a' conaltradh ri luchd-ùidhe a thaobh amasan sìnidh a shuidheachadh agus aontachadh.

Coileanadh conaltraidh le luchd-ùidhe, sgrùdadh fiosrachaidh cunbhalach agus obair fèin-luachaidh gus cur ri amasan sìnidh don bhliadhna-sgoile 2022-23 agus an suidheachadh ron t-Sultain 2022. Gabhaidh seo a-steach prìomh amasan ionadail a bharrachd air amasan sìnidh a shuidheachadh.

Cumar a' dol a' conaltradh ri luchd-ùidhe buntainneach a thaobh amasan sìnidh a shuidheachadh agus adhartas a mheas a thaobh an ruighinn.

Fiosrachadh

Ged a chuir nas lugha na an dàrna leth de na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir ath cheum mu fiosrachadh b' àbhaist seo a bhith na phuing do mhòran. Tha e air leth cudromach fiosrachadh a chleachdadh airson leasachaidh agus feumar a-rèist dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-ùidhe gu lèir eòlach air fiosrachadh a làimhseachadh.

Tha comas dàta a thuigse air tighinn air adhart am measg cheannardan-sgoile agus nan ìrean meadhanach. Bithear a-nis a' cuimseachadh air dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach nan seòmraichean-clas gan deagh uidheamachadh gus fiosrachadh a mhìneachadh agus a chleachdadh airson fios a chumail ri co-dhùnaidhean.

Gus sgoiltean a chuideachadh a thaobh fiosrachadh a chleachdadh gu h-èifeachdach, tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail ag ullachadh uidheaman freagarrach a chuidicheas sgoiltean le coileanadh a sgrùdadh. Bu chòir gun adhbhraich seo piseach a bharrachd a thaobh innse càite a bheil na h-uireasbhaidhean agus comharrachadh nam buidhnean sònraichte de sgoilearan a gheibheadh buannachd à eadar-theachdan nas cuimsichte gus coileanadh nas fheàrr a dhèanamh.

Comasachadh sgoiltean tuilleadh gus fiosrachadh a chleachdadh gu h-èifeachdach le uidheaman a chumail ri stiùirichean foghlaim agus àrd-cheannardan gus an dèan iad sgrùdadh air an fhiosrachadh fhèin gus am bi obair criathair agus cuimseachadh air buidhnean sònraichte de sgoilearan.

Seallaidh cleachdadh fiosrachaidh an dà chuid càileachdail agus uimhireil an deach a' bhuidhe a bhathas a' sùileachadh a choileanadh.

Ath cheumannan eile a chomharraichear

A bharrachd air na trì cinn a dh'ainmichear gu h-àrd, nochd cuspairean coitcheann eile sa bheag-chuid de dh'ath cheumannan ùghdarrasan ionadail. Nam measg, tha

- Fèin-luachaidh
- Barantas càileachd
- Ionnsachadh proifeiseanta
- Dleastanas / Structar
- Planaichean ro-innleachdail
- Planadh agus sgrùdadh PEF
- Ùrachadh SAC
- Co-obrachadh
- Riaghladh
- Ceannas
- Com-pàirtichean

Earrainn 4

4.1: Clàr-mìneachaidh

